

11 Ògmhios 2024

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

Sa Mhàrt 2024, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Àrd-sgoil Fhàrra. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Bidh an sgioba luchd-obrach ag obair gu cruthachail agus gu sùbailte. Bidh iad a' gabhail theisteanasan proifeiseanta a bharrachd gus eòlasan ionnsachaidh dhaoine òga a mheudachadh agus a dhèanamh nas saidhbhire. Tha cleachdadh teicneòlais an luchd-teagaisg ann an teagasg, agus ann a bhith a' lìbhrigeadh ionnsachadh, air leth èifeachdach.
- Tha an sgioba luchd-teagaisg air a stiùireadh gu sgileil leis a' cheannard aig a bheil sealladh soilleir, ro-innleachdail airson foghlam a libhrigeadh ann an sgìre dhùthchail. Bidh an ceannard a' dèanamh an fheum as fheàrr de dh'ionnsachadh san sgoil, sa cholaiste, gu didseatach agus còmhla ri com-pàirtichean.
- Tha raon de dhleastanasan agus cothroman stiùiridh buannachdail aig daoine òga. Bidh iad a' dèanamh cho-dhùnaidhean cudromach airson ionnsachadh, a bharrachd air beatha na sgoile san fharsaingeachd. Mar thoradh air sin, bidh daoine òga a' dol an sàs gu fìor mhath ann an ionnsachadh, ge bith càite a bheil e a' tachairt. Bidh daoine òga a' nochdadh spèis agus caoimhneas don co-aioisean agus don luchd-obrach.
- Tha coileanadh math aig daoine òga mar thoradh air atharrachaidhean air a' churraicealam a rèir am feumalachdan fa leth. Nuair a dh'fhàgas iad an sgoil, bidh daoine òga a' lorg deagh cheann-uidhe aig foghlam àrd-ìre agus ann an cosnadh. Tha cuid de na slighean sin a' toirt cothrom do dhaoine òga fuireach san sgìre aca fhèin.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdairean bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Bu chòir do àrd-stiùirichean agus luchd-obrach cumail orra ag àrdachadh coileanadh airson nan daoine òga aig a bheil an coileanadh as àirde gus an làn chomas a ruighinn. Bu chòir do dhaoine òga a bhith nas mothachail air an làn raon de sgilean a leasaicheas iad tro bhith a' gabhail pàirt ann an raon de chothroman coileanaidh.
- Bu chòir do àrd-stiùirichean planadh airson ùine nas fhaide air adhart, còmhla ris an ùghdarras ionadail, airson luchd-obrach agus goireasan a chur am meud gus dèanamh cinnteach gum bi teagasg adhartach ann an teicneòlasan agus Gàidhlig. Bu chòir do dhaoine òga cothrom fhaighinn air teisteanasan agus duaisean a leanas gu tuilleadh ionnsachaidh agus cosnadh co-cheangailte riutha nuair a dh'fhàgas iad an sgoil.

Chruinnich sinn fianais a leig leinn luachadh a dhèanamh air cuid de chomharran càileachd à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn?\(4mh eagra\)](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. Às dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh bho na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Àrd-sgoil Fhàrra

Comharran càileachd	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	glè mhath
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math

Gheibhear tuairisgeul air na luachaidhean aig:
[Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4^{mh} eagra\)](#), [Pàipear-taice 3: An sgèile sia puing](#).

Bidh sgrìobhainn nas mionaidich, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Mion-fiosrachadh | Lorg aithisg sgrùdaidh | Lorg aithisg sgrùdaidh | Sgrùdadh agus Lèirmheas | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cur fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh